



Tìotal: Feise: Fèin-bhrodadh, Feise beòil agus tòine

Ìre: ÀRD

Ceanglan Cfe

A thaobh a’ Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ìre seo a’ leudachadh agus a’ cur ris na chaidh ionnsachadh aig a’ Cheathramh Ìre.

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a’ tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 4-45a</p> <p>Tha fios agam gum faod cultar cumanta an latha an-diugh, na meadhanan agus beachdan mo cho-aisean buaidh a thoirt air mar a tha mi a’ faireachdainn mun dheidhinn fhìn agus a’ bhuidh a dh’fhaodas a bhith aig seo air mo dhol-a-mach. HWB 4-46b</p> <p>A’ cleachdadh na dh’ionnsaich mi, ’s urrainn dhomh co-dhùnaidhean is roghainnean fiosraichte a dhèanamh a tha ag adhartachadh is a’ dìon mo shlàinte is mo shunnd ghnèitheasach fhìn agus dhaoine eile. HWB 4-47b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A’ dèanamh sgaradh eadar mì-chothromachd cumhachd agus mì-chleachdadh cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir spèis, earbsa, fòirneadh, aonta. • A’ dèanamh measadh air mar a tha na meadhanan, a’ gabhail a-steach meadhanan sòisealta agus pornografaidh a’ toirt buaidh air slàinte fiosaigeach agus slàinte inntinn. • A’ tuigsinn nan còraichean agus na dleasan a dh’fheumar airson feise shàbhailte agus thlachdmhor.

Amasan Ionnsachaidh

- Cuir an cuimhne dhaoine’ òga gu bheil grunn ghnìomhan feiseil a’ cunntadh mar fheise, ’s nach e dìreach feise steachail bod/faighean.
- Gum faigh daoine’ òga fiosrachadh ceart mu ghnìomhan feiseil.
- Gum bi daoine’ òga air am brosnachadh gu tuilleadh fiosrachaidh no taic a shireadh ma tha sin a dhìth.
- Gum meòraich daoine’ òga air a’ bhuidh a th’ aig pòrnografaidh air roghainnean agus giùlan.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- ’S urrainn dhomh cunntas a thoirt air an raon de ghnìomhan feiseil a tha air am meas mar ‘feise’.
- Tha mi a’ tuigsinn nan toirmeasgan sòisealta timcheall air cuid de ghnìomhan feiseil, ach tha fios agam gu bheil fiosrachadh ceart, taic agus cuideachadh ri fhaotainn nuair a tha feum agam air.
- ’S urrainn dhomh feum aonta a mhìneachadh airson ghnìomhan feiseil gu lèir.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Film: Is masturbation good for you? <https://youtu.be/GU3JqoUDkJA> (faid 3 mion.)
- Film: Your body during sex <https://youtu.be/f-xbQeGZ6rk> (faid 3 mion. 48)
- Bidh luchd-ionnsachaidh sùla agus feadhainn le feumalachdan sònraichte feumach air ìomhaighean nas soilleire de fhèin-bhrodadh, feise beòil agus tòine. Tha iad seo rim faighinn ann an roinn nan

Ìomhaighean a bharrachd airson Feumalachdan Sònraichte sa ghòireas seo.
<https://rshp.scot/learners-with-additional-support-needs-asn/images/>

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

1. Tòisich an leasan mar seo:

- Tha an seisean mu fheise, agus a' dèanamh fòcas air 3 diofar gnìomhan feise – fèin-bhrodadh, feise-beòil agus feise-tòine.
- Chan eilear a' gabhail ris gu bheil daoine' òga ri feise, 's e an t-amas gum bi am fiosrachadh as fheàrr aca mu fheise agus dàimhean.
- Leis a' chuspair seo thathas an dùil gum bi comas gaire aig daoine nuair a thathas a' bruidhinn mun seo, agus tha e ceart gu leòr nàire a bhith ort, ach chan eil dùil sam bith ann gun inns neach sam bith rud pearsanta, agus cha bhi ceist phearsanta air a cur air neach sam bith.
- Mu dheireadh, tha taobh cudromach an lùib seo bhon a tha deagh fhiosrachadh san leasan a bhios feumail dha na h-uile.

Seall an slaighd, ag innse gu bheil barrachd an lùib feise na dìreach feise bod/faighean. *Tha an lagh ag ràdh:*

Tha an lagh ag ràdh gu bheil gnìomhachd feise a' gabhail a-steach iomlaid fèin-bhrodadh, feise beòil no feise steachail. Tha feise steachail a' ciallachadh gu bheil neach a' cur an corrag, am bod no rudeigin eile (me dèideag feise/dildo) a-steach a dh'fhaighean no a thòin neach eile (feise-tòine).

2. Fèin-bhrodadh: Air adhart chun a' chiad chuspair. Seall an ath slaighd:

Eachdraidh fèin-bhrodadh

Bha daoine an-còmhnaidh ri fèin-bhrodadh. Ach ann an dùthchannan eile, cultaran no creideamhan, thòisich cuid de dhaoine air a ràdh gu bheil e ceàrr bhon as e call sìol-ginidh a bh' ann, agus gum bu chòir dha sin a bhith mu chruthachadh beatha. Thuirt cuid de dhaoine gum faodadh fèin-bhrodadh a bhith dona dhut, gum biodh e a' toirt cinn ghoirt do dhaoine, no call fuil/gruaige no a' cur a' chaathaich orra, chan eil sìon dhen seo fìor!

San latha an-diugh tha fios againn gur e rud nàdarra a th' ann am fèin-bhrodadh agus gu bheil e na ghnìomh feiseil fallain.

Leugh agus an uair sin faighnich: **Dè na fionn-sgeòil a tha thu air a chluinntinn mu fhèin-bhrodadh?** An uair sin, seall an ath shlaighd, cuir a' cheist a th' aig an deireadh – *a bheil e math dhut?* Èist ri smuaintean no beachdan sam bith, agus thoir a-steach am film, dèante le (fios agus eirmseachd) luchd-saidheans agus luchd-film ag obair còmhla air a' cheist *a bheil e math dhut?*

Fiosan mu fhèin-bhrodadh

- Bidh balaich/fireannaich ga dhèanamh.
- Bidh nigheanan/boireannaich ga dhèanamh.
- 'S e rud pearsanta, fa leth a th' ann – tha thu ag obrachadh a-mach dè nì thu agus cò air a bhios thu a' smaoinichadh.
- Tha e gad chuideachadh a' faighinn eòlas air do bhodhaig agus na tha a' còrdadh leat.
- 'S e rud fa leth a th' ann am fèin-bhrodadh agus faodaidh e cuideachd a bhith na phàirt de fheise eadar chupallan.

Is masturbation good for you? <https://youtu.be/GU3JqoUDkIA> (faid 3 mion.)

Smuainteran no beachdan sam bith às a dhèidh?

3. **Feise beòil.** Thoir a-steach an slaighd le bhith ag innse gu bheil e mu bhith a' mìneachadh na thathar a' ciallachadh le feise beòil, gu bheil e a' toirt fiosrachadh mu cho tric 's a bhios inbhich ri feise beòil. Air an ath shlaighd tha puing deasbaid (Tha teansa gum bi cuid de na daoine òga a' smaoinneachadh nach e feise a th' ann bhon nach e feise 'steachail' faighean a th' ann.)

Feise beòil: Cò tha ris? Dè am beachd air?

Tha diofar sheòrsaichean feise beòil ann, a' gabhail a-steach cleachdadh beòil agus teanga airson brodadh a dhèanamh air

- Faighean, pit agus brillean boireannaich – ris an canar cunnilingus, *going down, giving head*.
- Bod fireannaich – ris an canar fellatio, *blow job, going down, giving head*.
- Toll-tòine neach – ris an canar anilingus, *rimming*.
- Tha an *National Survey of Sexual Attitudes and Lifestyles* a' faighneachd do dh'inbhich mum beatha fheiseil. Tha e ag aithris gun robh beagan 's trì chairteal den dà chuid fireannaich agus boireannaich ri feise beòil ann am bliadhna na suirbhìdh.

A dh'aindeoin na tha an lagh ag ràdh, tha mòran de dhaoine òga fhathast a' smaoinneachadh nach e feise ceart a th' ann am feise beòil ... carson?

4. **Feise tòine:** A' gluasad air adhart ... Tòisich an deasbad le fiosan/promtaichean còmhraidh air an slaighd. Iarr beachdan, ceistean, rud sam bith a tha a' cur iognadh orra air na daoine òga.

Feise tòine: Cò tha ris?

- San *National Survey of Sexual Attitudes and Lifestyles* (2009) thuirt còrr 's 10% de dh'inbhich gun robh iad ri feise tòine (12.3% de fhireannaich, 11.3 % de bhoireannaich) sa bhliadhna a chaidh seachad.
- Sheall suirbhìdh, le companaidh chondoman ann an 2017, de chòrr 's 3,000 inbheach òga a tha ri feise gu bheil 35% de bhoireannaich agus 15% de fhireannaich a' gabhail pàirt ann am feise tòine "co-dhiù pàirt dhen ùine".
- Ged a tha daoine dhen bheachd gur e feise-tòine an gnìomh as cumanta do fhireannaich gèidh, leis an fhìrinn tha mòran nach bi ris, no tha e a rèir an neach agus an dàimh.

Cuir ceistean airson deasbad: *Càit am faigh daoine òga a-mach mu fheise tòine? Dè chanadh daoine òga am beachd a th' ann san fharsaingeachd mu fheise tòine? A bheil diofar eadar na bhiodh daoine òga agus daoine nas sine a' smaoinneachadh? No eadar na tha boireannaich òga agus fireannaich òga a' smaoinneachadh?*

Seall an ath shlaighd a tha mu bheachdan air feise tòine agus brosnach còmhraidh: Cò aca seo as fìor? (A bheil airidheachd/fìrinn anns gach fear?)

Beachdan mu fheise tòine

- Tha feise tòine air fhaicinn mar rud a tha *taboo*. 'S e rud a tha toirmeasgaichte no nach eil ceadaichte a th' ann an *taboo*.

no

- Tha feise tòine a' fàs nas àbhaistice, thathas a' bruidhinn air nas trice no tha dùil ris.

Facal air condoman/lube. Cleachd an slaighd airson prìomh theachdaireachdan a dhaingneachadh:

Condoman agus lube

- Tha riosgan an lùib feise steachail sam bith – de leatromachd agus STIan.
- Tha condoman a' dìon bhon dà chuid.
- Cleachd condoman agus lube airson feise tòine, tha e nas sàbhailte agus tlachdmhor.

Thoir a-steach am beachd (no till thuige ma thàinig e am bàrr sa chòmhradh mar-thà) gu bheil feise tòine a' fàs nas cumanta no gu bheil a' bruidhinn air barrachd bhon a tha e cho tric ann am pornografaidh. Seall an slaighd:

Buaidh pornografaidh

- Tha dàta bho phrìomh làrach pornografaidh eadar 2009 agus 2015 a' sealltainn gun do dh'ardaich rannsachaidhean eadar-lìn airson feise tòine 120%.
- Ann an rannsachadh bho 2010, choimhead luchd-rannsachaidh air an leth-cheud film pòrn as mòr-chòrdte agus fhuair iad 356 tachartas ann an 55% de na seallaidhean de fhìreannaich 's boireannaich 's iad ri feise tòine.

Deasbad: Mar bhuidheann slàn/clas no ann am buidhnean beaga, le fios-air-ais an uair sin:

A bheil sibh a' smaoinichadh gu bheil buaidh aig pornografaidh air na tha daoine 'òga a' dèanamh no ag iarraidh a dhèanamh a thaobh feise? An e deagh rud a tha seo no droch rud?

5. **Thoir a-steach an càrtùn** – san aon dòigh 's a chaidh a dhèanamh leis an fhilm chaidh seo a dhèanamh le luchd-saidheans/luchd-cartùn a tha ag iarraidh fiosrachadh ceart a thoirt seachad. Tha e mu fheise san fharsaingeachd 's tha e a' toirt seachad fiosrachadh mu fheise tòine cuideachd. **Your body during sex** <https://youtu.be/f-xbQeGZ6rk> (faid 3 mion. 48) Às dèidh dhuibh a choimhead brosnach beachdan sam bith no ceistean.
6. **Feise tòine: ceist aonta.** A-nis agus sibh air bruidhinn air diofar eileamaidean de fheise, mìnich gu bheil feum air smaoinichadh mu aonta, bidh na daoine 'òga air bruidhinn mun chùis seo mar-thà, no bidh iad mothachail air na cùisean, mìnich gun d' fhiach coimhead a-rithist sa chlas/leasan seo airson an adhbhair seo – 's e sin , mothachadh nuair a thig e chun nan seòrsaichean feise air a bheil a' bruidhinn an-diugh gum faod cuideam a bhith ann agus gu bheil seo a' ciallachadh nach eil aonta ga thoirt seachad. Inns gu bheil an teacs a leanas (thairis air 2 shlaighd, stad aig slaighd 1 airson soilleireachadh) bho iris boireannaich, a' bruidhinn air feise tòine - seall, leugh a-mach agus bruidhinn mar a tha sibh a' dol air adhart: ('S e pios fada a tha seo ach 's d' fhiach beagan ùine a chosg a' leughadh agus ag ath-sgrùdadh airson a' chòmhradh a leanas).

Feise tòine

1. A' cleachdadh sampall de 130 fireannach is boireannach eile-sheòrsach eadar aoisean 16 agus 18 bho bhailtean-mòra agus bailtean beaga Shasainn, rinn luchd-saidheans agallamhan buidhne agus agallamhan fa leth gus faighinn a-mach mu chleachdaidhean feiseil nan compàirtichean. Sheall an rannsachadh diofaran mòra eadar na gnèithean sna

dòighean sam bi fireannaich 's boireannaich a' bruidhinn mu fheise tòine agus na h-adhbharan aca airson a bhith ris. Far an robh fireannaich san sgrùdadh buailteach a bhith a' dèanamh ceangal eadar feise tòine agus tlachd agus coileanadh *macho* feiseil, thog boireannaich eagal mu chràdh fiosaigeach agus milleadh cliù.

2. Thuir fireannaich san sgrùdadh gun robh iad airson a bhith ri feise tòine airson atharras a dhèanamh air pornografaidh agus bhon a tha e nas tlachdmhoire na feise steachail faighean, thuir boireannaich gun robh iad ris airson tlachd a thoirt dhan cèilean. Bha tuigse eadar compàirtichean gum bu chòir do bhoireannaich a bhith air am forsadh no air an sparradh gus pàirt a ghabhail agus gum bu chòir dùil a bhith aca gum bi cràdh na lùib, agus nan diùltadh iad feise tòine gun robh iad fuar no gun fhaireachdainn. Bha am beachd 'ma dh'fheuchas tu e, còrdaidh e riut' air a chleachdadh le fireannaich airson toirt air boireannaich fheuchainn. Agus gu mì-fhortannach cha robh fios aig feadhainn gun gabh STI an sgaoileadh gu furasta tro fheise tòine. **Women's Health magazine 2014** <https://www.womenshealthmag.com/sex-and-love/a19931416/anal-sex/>

7. **Airson crìochnachadh**, thoir taing dhan chlas airson pàirt a ghabhail san leasan agus daingnich cho cudromach 's a bha na còmhraidhean. An uair sin seall an dà shlaighd mu dheireadh, a' dèanamh cinnteach à tuigse aig gach puing, a' freagairt cheistean:

Ma tha thu a' smaoinichadh mu bhith ri feise:

- Bi soilleir leat fhèin a thaobh na tha thu deiseil air a shon
- Dèan cinnteach gu bheil do chèile a cheart cho cinnteach mu bhith a' dol an sàs ann am feise 's a tha thusa.
- Na fuirich gus am bi sibh sa mhòmaid mus cuir thu romhad dè na tha thu deònach a dhèanamh.
- Inns dè nach eil thu deiseil air a shon.
- Bruidhnibh ri chèile agus cuiribh romhaibh dè dh'fheumas tusa agus do chèile a thaobh casg-gin agus/no condoman.
- Tha còir agad diùltadh, d' inntinn atharrachadh, stad aig àm sam bith.
- Faodaidh tu bruidhinn no faighneachd mu rud sam bith aig ionad-tadhail dhaoin' òga/clionaig slàinte feise.

Tuilleadh fiosrachaidh

Nuair a thathas a' bruidhinn air feise-tòine 's dòcha gum bi ceistean air am faighneachd, no gum bi thu airson fiosrachadh a thoirt a-steach dhan chòmhradh, mu shàbhailteachd/riosg do shlàinte. Faodaidh tu freagairt le fiosrachadh bunaitich mar a leanas. Ged a dh'fhaodas daoine tlachd fhaighinn bho fheise tòine, faodaidh cunnart a bhith na lùib de leòn sa bhodhaig agus faodaidh an leòn sin cion smachd air gluasadan caolain (call buaic) adhbhrachadh ann am boireannaich agus fireannaich.

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair seo.

Mar phàirt den ionnsachadh againn air an teirm seo mu Dhàimhean agus Slàinte Feise tha sinn a' bruidhinn air diofar chleachdaidhean feise a' gabhail a-steach fèin-bhrodadh, feise beòil agus feise tòine. Cha bhi sinn a' bruidhinn air eòlas pearsanta, ach tha sinn airson gum bi am fiosrachadh ceart aig daoine òga gus am bi

na roghainnean a nì iad, a' gabhail a-steach gun a bhith ri feise, gan cumail fallain, toilichte agus sàbhailte. Tha sinn cuideachd den bheachd gu bheil e cudromach bruidhinn mu dheidhinn mion-fhiosrachadh mu fheise oir faodaidh daoine òga a bhith fo chuideam rudan sònraichte a dhèanamh nuair a dh'fhaodas e a bhith nach eil iad deònach. Dh'fhaoite gur ann air sgàth na tha daoine òga a' faicinn ann am pornagrafaidh a tha seo. Mar phàirt dhen seo, bidh sinn a' bruidhinn air aonta. Tha seo na chuspair cumanta tron ionnsachadh a bhios sinn a' dèanamh còmhla.

Notaichean Tidseir

